
Semeastar 1 2014-15

BA Cànan is Cultar na Gàidhlig

Tìotal a' Mhodail:	Dualchas Gàidhlig
Còd a' Mhodail:	UQ509829
Là is Ceann-là	Diardaoin 11 Dùbhlachd 2014
Uair/Ùine:	13.30 – 16.30

'S fhiach an deuchainn seo 50% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-ìomlan sa mhodail.

Fiosrachadh:

Chan eil leabhraichean ceadaichte airson na deuchainn seo idir is chan fhaodar stuth sgrìobhte sam bith a thoirt a-steach do sheòmar nan deuchainnean.

Thèid a thoirt seachad aig an uair gu h-àrd air là na deuchainn.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn.

Faodar **notaichean** a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

Chan fhaod thu freagairt sam bith a sgrìobhadh air a' phàipear cheist mura deach iarraidh ort seo a dhèanamh gu sònraichte.

Feumaidh tu peann **dubh no gorm** a chleachdadh.

A crìochnachadh do dheuchainn:

Tha ceithir Earrannan anns a' phàipear seo. Tha aig gach oileanach ri **tri** ceistean a fhreagairt.

Feumaidh oileanaich aon cheist a fhreagairt bho Earrainn A, agus dà cheist eile a fhreagairt bho **dhà** Earrainn eadar-dhealaichte eile, m.e. B is D, no C is D, no B is C.

Cuir an **àireamh oileanach** agad agus an **ionad-mheasaidh** a-mhàin air beulaibh gach leabhar-freagairt.

Na cuir d' ainm air pàirt sam bith den leabhair. Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu ag iarraidh a bhith air an ceartachadh.

Pàirt A - Luchd-cruinneachaidh

1. Tha Iain Òg Ìle, Iain Francis Caimbeul, aithnichte mar dhuine air leth cudromach ann an saoghal dualchas na h-Alba. Dèan iomradh air a bheatha agus luach na h-obrach a rinn e, agus minich carson a tha e fhathast na dheagh eisimpleir do dhaoine eile a tha an sàs san obair seo.
2. Tha mòran cheistean air an togail san là an-diugh mu dhòigh-obrach Alasdair MhicÌleMhìcheil. Thoir iomradh air dà thaobh an deasbaid agus thoir do bheachd fhèin air an àite a tha aige mar neach-cruinneachaidh. Bu chòir dhut iomradh a thoirt air na rudan prìseil san obair aige agus na h-adhbharan a bh' aige airson na rinn e.

Pàirt B - Teòiric agus Dòighean-obrach

3. Tha agallamh agus clàradh bunaiteach ann an obair dualchais. Beachdaich air na dòighean anns am b' urrainn don neach-rannsachaidh dèanamh cinnteach gum bi cùisean cho èifeachdach 's a ghabhas.
4. Dh'fhaodar a ràdh gun deach a' chuid as motha de sgeulachdan is òrain's a leithid a chruinneachadh mar thà. Dè na roinnean anns an urrainn do bheul-aithrisiche a bhith ag obair san là an-diugh agus carson a tha iad cudromach?

Pàirt C - A' Bheatha Làitheil

5. An Àirigh: bha àite sònraichte aig an àirigh ann am beatha nan Gaidheal anns na làithean a chaidh seachad. Dèan iomradh air na beachdan a bha aig daoine air àirighean le bhith a' tarraing eisimpleirean à òrain, sgeulachdan no fiosrachadh bho leabhraichean agus beachdaich air carson a chaidh an cleachdadh seo à bith.
6. Dè na deas-ghnàthan a bha/tha co-cheangailte ri suirghe agus pòsadh? Dèan iomradh orra le bhith a' toirt eisimpleirean agus beachdaich air an fheallsanachd a bha air an cùl. Dh'fhaodadh tu coimeas a dhèanamh eadar suirghe is pòsadh bho chionn fhada agus san latha an-diugh.

Pàirt D - Creideamh agus Cleachdaidhean

7. Thoir iomradh air an dà shealladh. Bu chòir dhut fiosaichean ainmeil ainmeachadh agus innse mu chuid de na rudan a chunnaic iad agus a thuirt iad.
8. Bha mòran dhaoine air a' Ghaidhealtachd a' creidsinn anns an Droch Shùil. Dèan iomradh air rudan a dh'fhaodadh tachairt agus na dòighean a bha aig daoine gus an droch bhuidh a bhriseadh. Bu chòir dhut toirt tarraing air sgeulachd no dhà.

Deireadh na Deuchainn